

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

CLEACHD SA BHAD – DICIADAIN 19.09.2012

Co-roinneadh àite-còmhnaidh gu bhith a’ sàbhaladh airgid do Bhuidhnean Poblach

Tha Bòrd na Gàidhlig air ainmeachadh an-diugh gu bheil iad a’ gluasad nan oifisean aca bhon àite làithreach ann am Pàirc Gnothachais Fèith nan Clach ann an Inbhir Nis agus ag imrich gu Taigh a’ Ghlinne Mhòir, a choisinn duaisean àrainneachdail agus a tha suidhichte air iomall a’ bhaile.

Ann an gluasad a ghèilleas sàbhalaidhean èifeachdais a bhios cudromach don roinn phoblaich, bidh am buidheann leasachaidh Gàidhlig a’ co-shuidheachadh ann an togalach còmhla ri buidhnean poblach eile ann an Inbhir Nis. Tha Riaghaltas na h-Alba a’ faicinn co-roinneadh air seirbheisean mar fhìor dheagh chleachdadh agus thathar an dùil gum bi an imrich seo a’ toradh lùghdachadh susbainteach ann an cosgaisean a’ Bhùird, agus sàbhalaidhean do na Buidhnean Poblach eile a tha suidhichte san togalach.

Chuir An Dr Alasdair Allan, Ministear airson Sgìlean Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba, fàilte air an imrich le Bòrd na Gàidhlig, ag ràdh: “Tha mi toilichte fhaicinn gu bheil am Bòrd a’ gabhail na ceumanan seo a tha an coimeas ri seasamh an Riaghaltais. Anns an suidheachadh eaconomach mar a tha againn an-dràsta tha e deatamach gum biodh buidhnean a’ coimhead ri sàbhalaidhean a dh’ fhaodadh a bhith air an cleachdadh nas èifeachdaiche ann a bhith a’ lìbhrigeadh ar prìomh sheirbheisean.”

Thuir Ealasaid Nic an t-Saoir, Cathraiche eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig: “Tha an ùine-gabhail air màl aig a’ Bhòrd airson nan oifisean ann am Fèith nan Clach a’ tighinn gu crìch rè ùine aig deireadh na bliadhna. Mar Ùghdarras Poblach, tha e mar fhiachaibh oirnn a bhith a’ luachadh ar modhan obrachaidh gu cunbhalach agus a bhith a’ coimhead ri dòighean air ar n-èifeachdas ionmhasail, obrachail agus àrainneachdail a mheudachadh. Tha ar n-imrich gu oifisean a bhios co-roinnte le Dualchas Nàdair na h-Alba, Coimisean na Croitearachd agus Slighean do na h-Uile a’ tairgsinn bhuannachdan dhuinn a thaobh sàbhalaidhean, cothroman air co-roinneadh sheirbheisean agus lùghdachadh san lorg charboin againn ann an aon de na togalaichean as seasmaiche san dùthaich.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha Dualchas Nàdair na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd air Planaichean Gàidhlig a thoirt gu buil a rèir mar a tha air a chur sìos ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha feallsanachd làidir deimhinneach Gàidhlig ri fhaicinn mar-thà ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir le sanasachd Ghàidhlig air feadh an togalaich agus luchd-obrach gu gnìomhach ag ionnsachadh a' chànain. Tha Ministearan Riaghaltas na h-Alba a' sùileachadh gum bi buidhnean poblach gu cunbhalach a' liubhairt leasachadh leantainneach, agus tha iad o chionn ghoirid air a bhith a' brosnachadh bhuidhnean mar sinn fhìn gu measadh na cùise gnothachais airson a bhith a' co-roinneadh sheirbheisean agus a' liubhairt èifeachdas leantainneach obrachaidh. Do bhuidheann ann an seirbheis phoblach le dleastanas dheatamach ri choileanadh, bidh Taigh a' Ghlinne Mhòir na àite gle fhreagarrach do Bhòrd na Gàidhlig a bhith stèidhichte agus tha sinn an dòchas gun lean ar làthaireachd an sin gu co-thoraidhean a bharrachd a bhios buannachdail, chan ann a-mhàin do leasachadh cànan, ach cuideachd gu tuilleadh co-obrachaidh le seirbheisean co-roinnte airson èifeachdas ionmhasail."

Ann an 2007, chaidh Taigh a' Ghlinne Mhòir a thaghadh mar an t-àite-obrach corporra a b' fheàrr ann an Alba agus an Rìoghachd Aonaichte, ann an sgeama dhuaisean airson Oifisean le Comhairle Bhreatainn."

Thuir Iain Jardine, Ceannard Dualchas Nàdair na h-Alba: "Tha mi air leth toilichte fàilte a chur air a' Bhòrd gu Taigh a' Ghlinne Mhòir. Is e an togalach oifisean as fheàrr san robh mi ag obair a-riamh agus tha mi an dòchas gum bi an luchd-còmhnaidh ùr a' faireachdainn sin cuideachd. A thuilleadh air na sàbhalaidhean ann an ionmhas mar thoradh air co-shuidheachadh, tha mi a' faireachdainn gu bheil sinn uile a' faotainn buannachd à bhith ag obair còmhla ri co-oibrichean ann am buidhnean eile, a' leantainn air adhart gu barrachd co-obrachaidh agus seirbheisean nas fheàrr."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh gu 01463 225 454.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Notaichean do Luchd-deasachaidh:

Bidh an imrich a' gabhail àite air 30mh Samhain 2012. Ged a bhios seòladh na prìomh oifis ag atharrachadh, gheibhear troimhe fhathast gu Bòrd na Gàidhlig air na h-àireamhan fòn agus na seòlaidhean puist-dealain àbhaisteach.

Tha co-obrachadh agus amalachadh air seirbheisean nam prìomh eileamaidean de chlàran-obrach èifeachdais agus Ath-leasachadh Seirbheis Phoblach. Thathar an dùil gum bi a' mhòr-chuid de bhuannachdan èifeachdais air an liubhairt tron chleachdadh gnothachais as fheàrr agus leasachadh ann am pròiseas gnothachais, feum nas fheàrr ga thoirt à so-mhaoin phoblach, co-obrachadh nas fheàrr agus cleachdadh mòran nas fharsainge air Seirbheisean Co-roinnte: a' dèanamh cinnteach gu bheil luach air a chur ris na pròiseasan gnothachais uile agus a' faighinn cuidhteas ghnìomhachdan nach eil a' cur luach sam bith riutha.

Tha na dleastanasan a chaidh a bhuileachadh air Bòrd na Gàidhlig le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 rin cur an cèill le rùn gus inbhe na Gàidhlig a thèarainn mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla tro mheudachadh anns an àireamh de dhaoine aig a bheil comas air Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh, a' brosnachadh tuigse is cleachdadh na Gàidhlig agus a' solarachadh ruigsinneachd air cànan is cultar na Gàidhlig ann an Alba agus anns gach àite.

Dealbhan an luib seo:

Dealbh 1

Cli gu Deas: Ian Jardine, Ceannard Dualchas Nàdair na h-Alba; Ealasaid Nic an t-Saoir, Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig; Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bòrd na Gàidhlig.

Dealbh 2

Cli gu Deas: Ian Jardine, Ceannard Dualchas Nàdair na h-Alba; Ealasaid Nic an t-Saoir, Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig; Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



IMMEDIATE USE – WEDNESDAY 19.09.2012

Public Bodies share accommodation in cost cutting exercise

Bòrd na Gàidhlig has today announced it is to move its offices from their current base at Stoneyfield Business Park in Inverness, to the environmentally award-winning Great Glen House on the outskirts of the city.

In a move that will yield considerable public sector efficiency savings, the Gaelic language development agency will co-locate with other public bodies in Inverness. Shared Service arrangements are very much seen as good practice by the Scottish Government and the move will give rise to significant cost reductions for the Bòrd, and also savings for the other Public Agencies housed in the building.

The move by Bòrd na Gàidhlig has been welcomed by the Minister for Skills for Learning, Science, and Scotland's Language's, Dr Alasdair Allan: "I am pleased to see the Bòrd taking such steps which are in line with the Scottish Government's approach. In economic times as these it is essential that all bodies look for savings which can be better used for delivering our front line services."

Bòrd na Gàidhlig Interim-chair, Elizabeth McAtear said: "The Bòrd's current lease on the offices at Stoneyfield has a break period at the end of this year. As a Public Authority we are duty bound to continually evaluate our operations and look for ways of increasing our financial, operational, and environmental efficiency. Our moving to shared offices with Scottish Natural Heritage, the Crofting Commission, and Paths For All offers us benefits in terms of savings, opportunities for shared services and reduction of our carbon footprint in one of the most sustainable buildings in the country."

"Both Scottish Natural Heritage and the Crofting Commission have produced Gaelic Language Plans as set out in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. There already exists a strong positive Gaelic ethos within Great Glen House with bilingual signage throughout and with staff actively learning the language. Scottish Government Ministers expect public bodies to deliver continuous improvement and has recently encouraged agencies like ourselves to assess the business case for shared service options and delivery of continued operational efficiency. For a public service organisation with such a crucial job to do, Great Glen House will be a good place for Bòrd na Gàidhlig to be based and we hope that our presence there will lead to additional synergies which will not only be beneficial to language development, but also further shared service collaborations for financial efficiency.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



In 2007, Great Glen House was voted the best corporate workplace in Scotland and the UK in a British Council for Offices' awards scheme. Chief Executive at Scottish Natural Heritage, Ian Jardine said: "I am delighted to welcome the Bòrd to Great Glen House. It's the best office building I have ever worked in and I hope the new occupants will feel the same way. Besides the financial savings through co-location I feel we all benefit from closer working with colleagues in other organisations, which leads to more collaboration and better services."

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 01463 225 454.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Note for Editors:

The move will take place on 30th November 2012. Although the head office address will change, Bòrd na Gàidhlig can still be contacted on the usual telephone numbers and email addresses.

Collaboration and integration of services are key elements of Public Service Reform and efficiency agendas. It is expected the majority of efficiency gains to be delivered by best business practice and business process improvement, better use of public assets, improved collaborative working and much wider application of Shared Services: ensuring that value is added in all end-to-end business processes and eliminating non-value added activities.

The functions conferred on Bòrd na Gàidhlig by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 are to be exercised with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland, commanding equal respect to the English language through increasing the number of persons who are able to understand and use the Gaelic language, encouraging the use and understanding of the Gaelic language and facilitating access in Scotland and elsewhere to the Gaelic language and Gaelic culture.

PHOTOGRAPHS ATTACHED:

Photograph 1

Left to Right: Ian Jardine, Chief Executive SNH; Elizabeth McAtear, Interim-Chair Bòrd na Gàidhlig; John Angus MacKay, CEO Bòrd na Gàidhlig.

Photograph 2

Left to Right: Ian Jardine, Chief Executive SNH; Elizabeth McAtear, Interim-Chair Bòrd na Gàidhlig; John Angus MacKay, CEO Bòrd na Gàidhlig.